

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE AND WORK

AIREAMH 7 | 2017 | AN T-IUCHAR

## Facal Toisich

Nuair a chuir mi na faclan seo air pàipear cha robh ach aon chuspair air aire a' mhòr-shluaigh air feadh Bhreatainn – an sgrìos uamhasach a rinneadh ann am Manchester far an robh na mìltean de dh'òigridh air tighinn cruinn airson èisdeachd ri cuirm chiùil. Chan eil e furasda dhuinne an inntinn aig duine mar sin a thuigsinn a mharbhadh na ficheadan agus a dh'fhàgadh mòran eile air an leòn gu dona.

Ach an teis-meadhan an sgrìos a bha sin chunnacas iomadh gnìomh Crìosdail. An luchd-teasairginn a rinn cobhair air an fheadhainn a chaidh a ghlacadh anns an spreadhadh. Na banaltraman agus na dotairean a chleachd an sgìlean. Na mìltean a thàinig còmhla aig seirbheisean agus aig cruinneachaidhean eile airson cuimhneachadh air na chaidh a ghoirteachadh agus co-fhaireadainn a nochdadh do na teaghlaichean a bha a' caoidh agus ag ionndrain.

Ràinig na thachair ann am Manchester cladaichean nan eilean. Bha dithis nighean òg à Barraigh aig a' chuir-m-chiùil. Chaill an darna tè, Eilidh NicLeòid, a beatha anns an tubaist sgrìosail a bha sin. Chaidh a bana-charaid, Laura Nic an t-Saoir, a leòn gu dona. Chaidh iomadh ùrnaigh a chur suas as leth an teaghlaichean agus an càirdean.

Ann am Manchester thàinig na mìltean cruinn airson a dhearbhadh gu bheil gràdh nas treise na fuath, agus air a' cheann mu dheireadh nach toir cumhachdan an uilc. Anns a t-saoghal anns an bheil sinn beò tha iomadh buidheann a' fiachainn ri milleadh a dhèanamh. Ach anns a' chrann-cheusaidh chunnaic sinn Crìosd a' toirt a-mach buaidh-làraich air cumhachd an uilc agus cumhachd a' bhàis.

Tha iomadh suidheachadh nar latha a tha gar gairm gu bhith ag ùrnaigh airson sìth ann an àiteachan aimhreiteach air feadh an t-saoghail. Air a' Ghàidhealtachd chan eil sinn a' cur luach air an t-sìth agus air an tèarainteachd a tha againn fad na bliadhna nuair a smaoinicheas sinn air liuthad àite anns a bheil beatha dhaoine ann an cunnart.

Gach beannachd gu robh agaibh.

**Ruairidh MacLeòid**



Air a' bhliadhna seo tha sinn a' cumail cuimhne air an Ath-leasachadh a thòisich air tìr-mòr na Roinn Eòrpa. Airson a' chlach-mhìle seo a chomharrachadh chaidh buidheann à eaglais an Obain, ochd duine fichead air fad, a-null air chuairt don Ghearmailt anns a' Ghiblean. 'S ann anns a' Ghearmailt a thòisich obair an Ath-leasachaidh. Bha iad a' fuireach ann an Stuttgart agus ann an Esslingen. Anns an dealbh gu h-àrd chì sinn dealbh de dh'Esslingen.

## Cùil nan Ceist

An dèidh nan rudan uamhasach a thachair ann am Manchester 's ann air sìth a tha na ceistean a tha sinn a' togail an turas seo. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig-chùil.

1. Cò a thubhart ris an fhairge, "Tosd, bi sàmhach?" (Marcus, caibideil 4.)
2. Lìon a' bheàrn seo – "Sìth agus ----- anns a Spiorad Naomh." (Ròmanaich, caibideil 14.)
3. Tha sìth agus dè a' pògadh a chèile? (Salm 85.)
4. Cò a bhruthas Sàtan fo ar casan? (Ròmanaich, caibideil 16.)

# An t-Urramach Calum MacLeòid, bho Sgìre Uige gu Both Chuidir –3

Greum Cooper

Mar Cheann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich, stiùir Calum MacLeòid tional airgid, iomadh mìle, gus cuideachadh agus cofhurtachd a thoirt dha na Gàidheil a bha ri cogadh anns an Arm Bhreatannach no 'nam Prìosanaich Cogaidh. Chaidh cuibhreann den ionmhas seo a chosg a-chum leabhraichean beaga fhoillseachadh, leabhraichean le pìosan sgrìobhaidh goirid anns a' Ghàidhlig air cuspairea brosnachail. Dheasaich Calum MacLeòid na leabhraichean agus cuir e fhèin aistean riutha air cuspairean cho farsaing ri Tàileasg Eilean Leòdhais agus moladh airson oidhirpean am ban ann am Breatann aig àm a' chogaidh. Chuir an dà leabhar, *Airgead an Rìgh* (1942) agus *Seirbhis a' Chrùin* (1943), ris na sgrìobh agus na dh'fhoillsich e na bu tràithe: artailgealan ann an ràitheachan-eaglaise agus anns an iris *An Gàidheal*, *Comasan Urnaigh* (1913) (eadar-theangachadh Gàidhlig den leabhar *The Possibilities of Prayer* le J. H. Oldham), agus *An Laoidheadair* (1935) a cho-dheasaich e còmhla ri Calum Mac'Il'Fhinnein.

Bhiodh a' mhòr-chuid den bheachd, ged-thà, gum b'è an leabhar *An luchair Oir* an tabhartas a bu luachmhoire a chuir Calum MacLeòid ri litreachas na Gàidhlig. Dheasaich an t-Urramach Tòmas MacCalmain an leabhar seo, a chaidh fhoillseachadh anns a' bhliadhna 1950. Tha e 'na chruinneachadh de shearmonan agus de dh'òraidean rèidio a bha air an taghadh le Calum MacLeòid fhèin mus do chaochail e. Sgìobh Tòmas

MacCalmain eachdraidh-beatha Chalum mar ro-ràdh ris an leabhar, pìos sgrìobhaidh a tha an dà cuid grinn agus làn fiosrachaidh. Tha na searmonan soisgeulach, domhainn agus air an sgrìobhadh ann an Gàidhlig bhrèagha a tha beairteach ann an gnàthasan-cainnte agus fiosrachadh eachraidheil.

Ann an *Smuain na Maidne* air a' chòigeamh latha den Chèitean 2016, rinn an t-Urramach Dotair Ruairidh MacLeòid dealbh den leabhar *An luchair Oir* mar fhear a thug seachad teachdaireachd an t-soisgeil *gu sìmplidh, brioghmhor* ann an cainnt a tha cho *grinn, siùbhlach*. 'Na bheachd-san, bu mhath a b'fhiach an leabhar a chlà-bhualadh as-ùr airson buannachd ginealach ùr luchd-leughaidh.

Tràth anns a' bhliadhna 1946, cho-dhùin Cinn-iùil Oilthaigh Dhùn Eideann gus ceum Dotair a Diadhachd a bhuileachadh air Calum MacLeòid, mar chomharradh urramach air a shaothair as leth an dà chuid na h-Eaglaise agus cultar agus cànan nan Gàidheal. B'i cùis-bhròin a bha ann nach deach an t-urram seo a thoirt gu buil. Chaochail Calum MacLeòid air an 21mh latha den Og-mhìos 1946 as dèidh dha fàs tinn fhad 's a bha e air turas sgrùdaidh timcheall nan Stèiseanan Mìseanaraidh anns na h-Eileanan Siar. Bha a bhean, Blanche, a dhithis nighean, Blanche (*Babs*) agus Catrìona, agus mòran chàirdean ga chaoidh. Dh'adhlaiseadh Calum MacLeòid ann an leathadan uachdarach cladh Bhoth Chuidir. Tha 'uaigh comharraichte le crois Cheilteach air a dealbhadh le a charaid, Cailean Mac na Cèardaich PhD, a bha 'na ailtire agus 'na sgoilear. Aig bun na croise a tha a' toirt geàrr-chunntais air beatha a' mhinisteir dhìlis seo: *Thaisbein e gum bu duine le Dia e*.

**(Tha sinn a' toirt taing mhòr do Ghreum Cooper airson sgrìobhaidhean cho tlachdmhor agus cho fiosrachail a chur thugainn, ag ùrachadh ar cuimhne air ministear a rinn obair cho obair cho sònraichte as leth na h-Eaglais agus as leth na Gàidhlig. Bhiodh e math nan cuireadh buidheann air choireigin romhpa an leabhar, *An luchair Oir*, a chlà-bhualadh as-ùr.)**

## Leabhraichean

'S e seann leabhar air a bheil sinn a' coimhead air a' mhìos seo, leabhar a dheasaich an t-Urr. Calum MacLeòid.

Fhuair Fear-deasachaidh nan *Duilleag* an leth-bhreas a tha air a bheulaibh ann an 1996 on cheud tè a bha ga theagasg ann am bun-sgoil Loch nam Madadh, Ceit Dhòmhnallach.

Tha iomadh nì a tha luachmhor mun leabhar laoidhean seo. Tha an laoidheadair seo ann an trì earrainnean. Anns a' cheud cuibhreann tha laoidhean Gàidhlig, cuid dhiùbh le fuinn ùra agus cuid dhiùbh le seann fhuinn air an do rinneadh beagan atharrachaidh.

### An Laoidheadair (air fhoillseachadh ann an 1935.)

Anns an darna earrann den leabhar tha laoidhean air an tionndadh gu Gàidhlig o Bheurla.

Anns an treas earrann tha na faclan a-mhàin aig laoidhean a gheibhear anns an laoidheadair Bheurla.

Bha an leabhar seo air ullachadh gu mionaideach, mar a bhiodh dùil le leabhar anns an robh Calum MacLeòid an sàs. Tha laoidhean an seo le bàird chliùiteach, leithid Pàdraig Grannd, Dùghall Bochannan agus Gobha na Hearadh. Bidh sinne a' cleachdadh nan dàn anns na seirbheisean Gàidhlig againn ann an Earra Ghàidheal. Tha na laoidhean a tha airan tionndadh on Bheurla air an eadar-theangachadh gu sgileil siùbhlach.



**Seo na daoine o Eaglais na Cille Mòire agus an Obain a bha air chuairt anns a' Ghearmailt anns a' Ghiblean. Aig seirbheis air an t-Sàbaid leugh an t-Urr. Dùghall Camshron cuibhreann de na Sgrìobtaran ann an Gàidhlig.**

## Searmon Beag

**Thàinig Iosa E Fhèin am fagus agus dh'imich E maille riu. (Lùcas 24:14)**

Chaidh faighneachd do bhalach òg uaireigin dè an seòrsa Dia anns an robh e a' creidsinn – an e Dia mòr no Dia beag a bha ann?

Fhreagair an t-òganach gu robh e an dà chuid mòr agus beag.

Tha E cho mòr, ars esan, agus gur e an t-sìorraidheachd 'àite-còmhnaidh, ach tha E ch beag agus gun gabh E còmhnaidh 'nam chridhe tre chreideamh.

'S e deagh freagairt a bha sin. Tha am Bìoball a' toirt seallaidh dhuinn air Dia a tha fad às, ach aig an aon àm a tha dlùth dhuinn. Glè thric tha Dia as fhaisge oirnn na tha sinn an dùil. An dithis a bha air an rathad gu baile beag Emmàus an latha a bha siud bha iad brònach trom-intinneach. Bha an saoghal aca air a thionndadh bun os cionn an ceann beagan làithean. Bha iad air an dòchas gu lèir a chur ann an Iosa Crìosd, ach chaidh Esan a cheusadh

air crann eadar dà ghadaiche. Chuala iad gu robh naidheachd a' dol gu robh E beò, gu robh E air èirigh o na mairbh. Ach bha iad fhathast eudòchasach as-creidmheach.

Sin mar a bha iad nuair a thàinig an coigreach seo 'nan cuideachd. Ach thuig iad air a' cheann mu dheireadh nach e coigreach a bha ann ach Iosa, an Crìosd a bha iad ag ionndrain, an Crìosd a bha iad a' smaoineachadh nach faiceadh iad gu bràth tuilleadh.

Anns a' Bhìoball tha sinn a' leughadh mu dhaoine a bha den bheachd gu robh Dia air an trèigsinn. Ach cha robh Dia air cùl a chur riu. Nuair a dh'fhosgladh an sùilean, dìreach mar a thachair don dithis seo, thuig iad nach e Dia fad às a bha ann idir ach Dia a tha dlùth do làimh. *Chan eil E fada o gach aon againn.* Chaill lob anns a' Bhìoball a h-uile nì a bha luachmhor aige. Chaill e a bheartas. Chaill e feadhainn a bha dlùth dha. Ach ca do chaill e an greim a bha aige air Dia. Cha robh Dia air cùl a chur ris.

Thubhairt an salmair, *Gu dearb tha 'chabhair dlùth don dream dan eagal E gu fìor.* Thubhairt e cuideachd, *'S dlùth do mhead 's a ghairmeas air, seadh ghairmeas air gu fìor.*

Tha Dia a' tighinn dlùth dhuinn aig amannan àraidh agus ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte. Nuair a tha sinn a' tighinn còmhla ann an adhradh tha sinn a' creidsinn gu bheil Dia a' tighinn a' tighinn dlùth dhuinn. Gheall Iosa nuair a bha dithis no trìuir cruinn 'na ainm gu robh Esan anns a' mheadhan.

Aig toiseach soisgeul Eòin tha sinn a' faicinn cho dlùth agus a tha Dia air tighinn oirnn ann an Iosa Crìosd. *Rinneadh am Facal 'na fheòil agus ghabh e còmhnaidh nar measg.* Dh'fhiosraich Iosa 'na bheatha air an talamh na nithean a bhios sinne a' fiosrachadh, aoibhneas agus bròn, acras agus tart, fuachd agus teas.

Nuair a bha Pòl anns a' phrìosan bha fios aige nach robh e 'na aonar. Bha daoine eile air a thrèigsinn, ach sheas an Tighearna maille ris. Bha an dithis a bha air an t-slighe gu Emmàus a' faireachadh aonranach, ach bha Iosa maille riu, bha E rin taobh mar chompanach na slighe. Chan eil fios againn aig àm sam bith dè a tha romhainn. Ach tha gealladh Iosa againn, *Feuch, tha mise maille ribh a-ghnàth, gu deireadh an t-saoghail.* Bha an salmair a' creidsinn gu robh Dia am Buachaille còmhla ris anns a h-uile àite agus anns a h-uile fiosrachadh a bhiodh aige anns a' bheatha seo.

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson na mìos seo: "Sùilean ur n-inntinn a bhith air an soilleachadh." Tha na faclan sin sgrìobhte ann an litir nan Ephesianach, a' cheud chaibideil, aig an ochdamh rann deug. (Ephesianach 1:18.) Thàinig Iosa airson sùilean a bha dall, gu litireil agus gu spioradail, fhosgladh. Tha E fhathast a' fosgladh sùilean nan dall mar a rinn E nuair a bha E air an talamh. Bha daoine ag aideachadh gu robh iad uaireigin dall, ach gu robh iad a-nis a' faicinn. Chunnaic iad Iad fhèin, chunnaic iad Dia, ann an solas ùr.

Nuair a sgrìobh mi seo bha an t-Og-mhios air tòiseachadh. Ach bha an aimsir fhathast beagan fuar. Ach bidh dùil againn ri blàths mun tig deireadh an t-samhraidh. Airson gum bi fàs air an talamh tha feum air a' ghrèin agus air an uisge. Tha feum air a' mhòine air side thioraim cuideachd ma tha i gu bhith deiseil airson a toirt dachaigh. Chan eil teine cho blàth no cho tlachdmhor ri teine mòna. Bidh dòchas aig luchd-turais gum bi làithean grianach againn air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

a' coimhead Iosa, a' chrith-thalmhainn, agus na nithean eile a rinn-eadh, ghabh iad eagal mòr, ag ràdh, *Gu fìrinneach b'e seo Mac Dhè.* 55 Agus bha an sin mòran bhan (ag amharc am fad) a lean Iosa o Ghalile a' frithealadh dha:

**28** An dèidh na sàbaid, aig bris-eadh na faire air a' chiad là den t-seachdain, thàinig Muire Magdalen, agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na h-uaghe. 2 Agus feuch, bha crith-thalmhainn

Seanfhacal airson na mìos seo: "Is co lionmhor osna aig an rìgh 's aig an duine as isle staid." (The king sighs as often as the meanest man.) Tha faclan an t-seanfhacail sin againn anns an dàn aig Dùghall Bochannan, Am Bruadar. Ruigidh bròn agus tinneas lùchairt an rìgh a cheart cho cinnteach ris a' bhòthan as truaighe anns an rìoghachd. Cha eil duine againn saor o thrioblaidean na beatha seo.

Bha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil cothrom aig an luchd-leughaidh air Na Duilleagan Gàidhlig a leughadh anns an t-seann dòigh, le duilleagan a thogas iad 'nan làmhan an àite a bhith air loidhne. Tha e math seann chleachdaidhean agus cleachdaidhean ùra a bhith. Tha sinn an dòchas gu bheil an iris seo a' còrdadh ris an luchd-leughaidh ged b'è àite anns a bheil sibh a' fuireach, ann an Alba o thall thairis.





## AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

# Thall's a-Bhos

## RANN

Ann an 1935 thàinig *An Laoidheadair* am follais. Bha làmh aig an Urr. Calum MacLeòid ann a bhith a' crìochnachadh obair an deasachaidh a thòisich an t-Urr. Calum MacGhillinnein. *Sin* leabhar eile a b'fhiach a chlà-bhualadh as-ùr. Seo rann à dàn spioradail a sgrìobh Seumas MacThòmais, athair a' bhàird ainmeil, Ruairidh MacThòmais, a gheibhear anns *An Laoidheadair*.

*O, seòl mo cheum gu losa  
Mi fann a' triall gun treòir;  
Cha trèig E neach don tug E spèis,  
Chan fhàg air èis san ròd.*

## FUASGLADH NAN CEIST

Seo agaibh a-nis freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig-aghaidh. 1 losa. 2. ---aoibhneas. 3 Ceartas. 4 Dia a sìthe.

## OBAIR IONMHOLTA

Air carthantas cho iongantach agus a tha suidhichte ann an Alba tha *Mary's Meals*, a chaidh a stèidheachadh ann an Dàil Mhàilidh ann an Earra Ghàidheal. Chuireadh an obair air chois le Mànas MacPhàrlain-Barrow. Ann an 2002 bha iad a' beathachadh dà cheud de cloinn ann an Malawi. An-diugh tha iad a' toirt bìdh do mhìlean pàisde ann an ceithir deug de dhùthchannan. Bha seanair Mhànais uaireigin 'na mhinistear Easbaigeach anns an Fhuirneis agus ann an Inbhir Aora. Bhiodh e a' cumail sheirbheisean an an Gàidhlig. Bha e greis a' fuireach anns an taigh far a bheil dachaigh Fear-deasachaidh nan *Duilleagan Gàidhlig* an-diugh.

## AN T-URR. COINNEACH MAC A' PHIOCAIR

Bidh ionndrain mhòr an Urr. Coinneach Mac a' Phiocair a bha 'na mhinistear air a' Cheann Mhòr ann an siorrachd Pheairt o 1950, gus an do leig e dheth uallach coitheanail ann an 1990. Bha 'athair, an t-Urr, Aonghas Mac a' Phiocair, bliadhnachan mòra ann an Cinntire. Bha a bràthair Choinnich, Aonghas, ainmeil mar sgrìobhadair. Bha an t-Urr. Coinneach 'na mhinistear ann am feachd an adhair, agus bha e freagarrach gur e *The Wings of the Morning* a thug e mar ainm air leabhar intinneach a sgrìobh e.

## ADHBHAR-GAIRE

Bliadhnachan air ais thadhail boireannach a bha uaireigin eòlach air an Urr. Coinneach Mac a' Phiocair air a' Cheann Mhòr. A' dol seachad air a' mhansa chunnaic i fireannach le seann aodach ag obair anns a' ghàrradh. A' smaoinichadh gur e an gàrradair a bha ann. thubhairt i, *Excuse me, are you Mr. MacVicar's man?* Fhreagair am ministear (oir b'esan a bha ann), *No, but I'm Mrs. MacVicar's man.*

## Urnaigh

A Dhè thròcairich, tha sinn gad mholadh  
airson an t-saoghail anns a bheil sinn beò.  
airson mòralachd agus maise nam beann,  
airson gach sealladh a tha 'nan tlachd  
don chridhe agus don anam.

Beannaich na h-uile a bhios air chuairt  
air a' Ghàidhealtachd aig an àm seo den  
bhliadhna,  
agus ann luchd-leughaidh a bhios air chuairt  
ann an dùthchannan eile.  
Air sgàth Chrìosd.

Amen

An dealbh air an duilleig-aghaidh:  
dà bhliadhna air ais bhiodh  
dà eala a' tadhal oirnn.  
Mu dheireadh nochd iad  
agus ochd ìseanan aca.  
Tha sinn a' fòghlam  
iomadh leasan on eunlaith.